

A' choille ghruamach

Doh is G

Gleus: G

Le Iain MacIllEathain à Alba Nuadh

Rann 1

Gu bheil mi 'm òn - rachd sa choill - e ghruam - aich, mo smaoin - tinn
luain - each, cha tog mi fonn; Fhu - air mi 'n t - àite seo 'n agh - aithh
nàd - air, gun thrèig gach tà - lant a bha nam cheann: Cha dèan mi
òran a chur air dòigh ann, nuair nì mi tòis - each - adh bidh mi trom: Cha - ill mi
Ghàidh - lig seach mar a b' àbh - aist dhomh, nuair a bha mi san dùth - aich thall.

2: Chan iongnadh dhòmhsa ged tha mi brònach-
's ann tha mo chòmhnaidh air chùl nam beann,
am meadhan fàsaich air Abhainn Bhàrnaidh,
gun dad as fheàrr na buntàta lom;
mun dèan mi àiteach 's mun tog mi bàrr ann
's a' choille ghàbhaidh chur às a bonn
le neart mo ghàirdein, gum bi mi sàraicht'
is treis' air fàilinn mum fàs a' chlann.

3: Nuair thig na dròbhairean ud gar n-iarraidh
's ann leis na breugan a nì iad feum,
gun fhacal firinne bhith ga innse,
's an crìdh a' dìteadh na their am beul;
ri cur am fiachaibh gu bheil san tìr seo
gach nì as priseile tha fon ghrèin:
nuair thig sibh innte gur beag a chì sibh
ach coille dhìreach toirt dhibh nan speur.

4: Ged bhithinn bliadhna ann an sgrìobhadh
gun gabhainn mìosa ris agus còrr
mun cuirinn crìoch air na bheil air m' inntinn
's mun tugainn dhuibh e le cainnt mo bheòil.
Tha mulad diamhair an dèidh mo lìonadh
bhon 's èiginn strìochdadh an seo rim bheò,
air bheag thoil-inntinn sa choille chruim seo,
gun duine faighneachd an seinn mi ceòl.

Gaelic stresses and vowel values take precedence